

*Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis
An Slag Buidhe
Inbhir Nis
IV2 6BA*



*Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis
Slackbuie
Inverness
IV2 6BA*

A Phàrant Chòir

Tha sinn a' cur fàilte air do phàiste do Bhun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis – a' chiad sgoil Ghàidhlig a chaidh a dhealbhadh a dh'aon ghnòthach le Comhairle na Gàidhealtachd – agus tha sinn an dòchas gum bi e/i gu math toilichte anns an sgoil agus gun còrd an ùine anns a' ghoireas ùr seo ris/rithe.

Ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig tha sinn airson slighe a-steach a thoirt do dhàiste do dhualchas beò agus beairteach agus airson comasan smaoinichidh do phàiste a leudachadh gus uinneag eile a thoirt dhaibh air an t-saoghal tro ionnsachadh ann an dàrna cànan. 'S e aon de na prìomh amasan againn aire ar cloinne a thoirt do na nithean air a bheil coluadair na h-Alba a' cur luach. Feumaidh clann na nithean seo ionnsachadh agus leasachadh. Tha an curraicealam na mheadhan cudromach airson an leasachadh pearsanta seo a bhrosnachadh. Tha pearsa fa leth aig gach pàiste; tha cuid dhiubh misneachail air neo diùid, tha cuid dhiubh nan luchd-treòrachaidh air neo nan luchd-leantainn agus tha a h-uile pàiste ag ionnsachadh aig astar eadar-dhealaichte. Mar sin, tha sinn airson clann fhaicinn mar phàistean fa leth agus tha sinn ag amas air farsaingeachd de ghnìomhan anns am faod iad soirbheachadh. Tha seo air a dhèanamh le dòighean teagaisg a tha stèidhichte air a' chloinn agus air ceithir builean Curraicealam airson Sàr-mhathais agus tha sinn airson comasan na cloinne a leasachadh nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, saoranaich ciallach, agus compàirtichean buadhach.

Bhon a tha sinn fhathast aig ìre thràth der leasachadh aig Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, tha na duilleagan a leanas a' toirt sealladh gearr air na tha sinn a' feuchainn ri dhèanamh. Ged-thà, bu toil leinn nan cuireadh tu fios oirnn cho trath 's a thogras tu tro oifis na sgoile (Fòn: 01463 725 980), ma bhios tu airson tadhal air an sgoil, fiosrachadh sam bith a bharrachd iarraidh mun sgoil air neo bruidhinn mu uallaichean sam bith a tha agad mu fhoghlam do phàiste. Air an làimh eile, faodaidh tu tadhal air làrach-lìn na sgoile aig www.bsgi.highland.sch.uk far am bi fiosrachadh ùr sam bith mun sgoil air a chur suas gu cunbhalach.

Tha sinn airson obrachadh ann am compàirteachas riut airson gun coilean do phàiste na comasan aige/aice ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis.

Le deagh dhùrachd

Seònaid NicLeòid
Ceannard

CUNNTAS BARANTAIS

Ann an coimhearsnachd Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, tha sinn a' cur meas air a h-uile neach le bhith mothachail air am feuman fa leth a thaobh na Gàidhlig, ann an àrainneachd thaiceil. Tha sinn modhail, cothromach agus deònach èisteachd, agus a' cur air adhart feallsanachd far a bheil luach air a h-uile neach.

CLÀR-INNSE

1.	Fàilte
2.	Cunntas Barantais; Clàr-innse
3.	Amasan na Sgoile
4.	An Sgoil; Club an dèidh na Sgoile
5.	Luchd-obrach
6.	Comhairle nan Sgoilearan agus nam Pàrant
7.	Latha na Sgoile; Clàradh
8-14	Oideachadh
14.	Measadh, Clàradh agus Pàirteachadh
15.	Dàimh ri Pàrantan
16.	Frithealadh/ Tinneas tron Latha
16-17.	Modh/Burraidheachd
17.	Poileasaidh Iomadh Chultarach agus Co-ionannachd Cinnidh
17-18	Aodach-sgoile
18.	Aodach Cleasachd/ Rudan Luachmhor
18.	Dinnearan sgoile
19.	Bogsaichean bidhe/Uisge; Dìon Chloinne
20.	Slàinte agus Sàbhailteachd; Co-cheanglaichean ri Àrd-sgoiltean
21.	Comataidh Rianachd
21.	Miosachan na Bliadhna
22-23.	Droch Shìde
24-26	Dàta na sgoile

AMASAN NA SGOILE

Is iad seo amasan Bhun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis. Tha sinn airson:

- gum bi an sgoil na h-àite cùramach, sàbhailte agus beòthail far am bi sgoilearan, pàrantan, luchd-cùraim, luchd-obrach na sgoile agus buidhnean eile a' faireachdainn gu bheilear a' cur **luach** orra nan dòigh fhèin.
- obrachadh còmhla ri pàrantan agus buidhnean com-pàirteachais airson math na cloinne, gum bi co-dhùnaidhean air an ruighinn còmhla agus **in-ghabhail** ga chur air adhart.
- misneachd a thoirt don chloinn gus ùidh agus moit a ghabhail annta fhèin agus **soirbheachadh** pearsanta a chomharrachadh.
- tachartasan **ionnsachaidh agus teagaisg** a thoirt seachad a tha a' brosnachadh ionnsachadh gnìomhail agus a strì gus ìrean coileanaidh àrdachadh.
- a' chlann a chuideachadh ann a bhith neo-eisimeileachd agus a' gabhail uallach airson ghnothaichean agus **beachdan agus dòighean-beatha fallain** a leasachadh mu choinneamh slàinte agus mathas gu h-àraidh.
- com-pàirteachas agus **co-cheanglaichean a bhrosnachadh** còmhla ri pàrantan, buidhnean proifeiseanta, daoine fa leth, gnìomhachasan, buidhnean Gàidhlig agus a' choimhearsnachd anns an fharsaingeachd.
- a bhith nar **coimhearsnachd ionnsachaidh** a tha an sàs ann am fèin-mheasadh agus a tha a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh, theaghlachan agus luchd-obrach na sgoile ann a bhith dealasach mu choinneamh ionnsachadh fad beatha.

AN SGOIL

Bha Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis air a togail mar phàirt dhen phrògram togail PPP aig Comhairle na Gàidhealtachd, chaidh crìoch a chur oirre anns a' Chèitean 2007 agus chaidh a fosgladh do sgoilearan anns An Lùnastal 2007. Chaidh an togalach a thogail airson 150 sgoilear a ghabhail le seachd seòmraichean-teagaisg agus àiteachan coitcheann eile. Tha sgoil-àraich innte a ghabhas 30 pàiste anns gach seisean. Tha talla-sgoile ioma-chleachdadh ann le suidheachan ann an stoidhle taigh-dhealbh agus stiùdio-clàraidh ri thaobh agus tha iad seo fosgailte do chleachdadh na coimhearsnachd.

Chaidh pàirce nan càraichean agus an t-àite leigeil sìos a dhealbhadh airson 's gum faod trafaig falbh is tighinn gu sàbhailte. Tha sèomar ghoireasan ann do phàrantan a dh'fhaodas pàrantan a chleachdadh rè latha na sgoile airson an ionnsachadh fhèin.

Chaidh an togalach fhosgladh gu h-oifigeil air 11 Am Faoilleach 2008 leis a' Bhall Fìor Urramach Ailig Salmond BP BPA, Prìomh Mhinistear na h-Alba.

Tha 110 pàiste anns an sgoil air an t-seisean seo (Am Faoilleach 09) ann an Clasaichean 1 gu 7, ann an sia de na seachd seòmraichean-teagaisg le 59 pàiste, aois 3 agus 4, clàraichte anns an sgoil-àraich. Mar thoradh air iarrtas airson àiteachan ro-sgoile a tha a' sìor fhàs, agus cùram chloinne fad latha, tha aon de na seòmraichean-teagaisg ga chleachdadh airson seisean sgoil-àraich a bharrachd anns a' mhadainn (bhon Ghearran 2008). Mar sin tha a h-uile àite teagaisg ga chur gu feum.

BRACAIST/CLUB AN DÈIDH NA SGOILE

Tha an sgoil na pàirt den sgeama-pìleat aig Comhairle na Gàidhealtachd airson cùram chloinne fad latha, agus faodaidh pàrantan an goireas seo a chleachdadh air làithean na seachdain bho 8.05m gu 5.45f.

Club Bracaist – Diluain gu Dihaoine ~ 8.05m gu 9.15m

Club an dèidh na Sgoile ~ às dèidh na sgoile gu 5.45f

Tha na goireasan seo ri fhaotainn aig àm na teirm a-mhàin.

Bidh a' chlann a tha a' frithealadh Club an dèidh na Sgoile còmhla ris a' chloinn ann an cùram chloinne fad latha ann an seòmar mòr na sgoil-àraich far am faigh iad caochladh de ghnìomhan a dhèanamh a fhreagas air an aois agus na h-ùidhean aca. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn ann am bileag fa leth bho Oifis na Sgoile.

LUCHD-OBACH (2008-09)

A' Bh-Uas S NicLeòid	Ceannard
A' Bh-Uas K Wells	Iar Cheannard san Eadar-ama
A' Bh-Uas D NicIllFhinnein	Tidsear Clas 1
A' Bh-Uas K Nic a' Phiocair	Tidsear Clas 1/2
A' Bh-Uas C Dickson	Tidsear Clas 2/3
A' Bh-Uas L Hayes	Tidsear Clas 4
A' Bh-Uas J NicIomhair/A' Bh-Uas S Robasdan	Tidsearan Clas 5/6
A' Bh-Uas M NicCormaig/ A' Bh-Uas K Wells	Tidsear Clas 6/7
A' Bh-Uas E Jack	Tidsear CCR/Ciùil
A' Bh-Uas N Meredith	Tidsear Taic-ionnsachaidh
A' Bh-Uas J NicAsgail	Taic-ionnsachaidh
A' Bh-Uas A NicLabhrainn	Neach-taic teagaisg
A' Bh-Uas M NicNeacail	Neach-taic teagaisg
A' Bh-Uas MA NicLeòid	Neach-taic teagaisg
A' Bh-Uas T NicAmhlaidh	Bàn-chleireach

Sgoil-àraich/cùram cloinne:-

A' Bh-Uas A M NicDhòmhnaill	Neach-obrach sgoil-àraich
A' Bh-Uas M Nic an Tàilleir	Neach-obrach sgoil-àraich
A' Bh-Uas C NicAnndrais	Neach-taic sgoil-àraich
A' Bh-Uas R Bain	Neach-taic sgoil-àraich
A' Bh-Uas T Nic an Tòisich	Neach-taic sgoil-àraich
A' Bh-Uas F NicCoinnich	Neach-taic sgoil-àraich
A' Bh-Uas J Forbes	Neach-obrach Club an dèidh na Sgoile
A' Bh-Uas N Fhriseal	Neach-taic Club an dèidh na Sgoile
Mgr A Forbes	Neach-taic Club an dèidh na Sgoile

Luchd-tadhail/Visiting tutors

A' Bh-Uas E Jack	Neach-teagaisg ciùil
Mgr R Lusher	Neach-teagaisg nan teudan
Mgr A MacAffer	Neach-teagaisg na pìoba

Cidsin na sgoile

A' Bh-Uas F NicCoinnich	Còcaire
A' Bh-Uas S Luxton	Neach-taic a' chòcaire

Goireasan Morrisons

Mgr C Lyall	Dorsair/Neach-taic Rianachd
Ghoireasan	

COMHAIRLE NAN SGOILEARAN

Tha Comhairle nan Sgoilearan a' toirt cothrom do sgoilearan a dhol an sàs ann am beatha na sgoile agus tha e a' toirt cothrom do na sgoilearan misneachd agus sgilean conaltraidh agus deasbaid a leasachadh. Tha Comhairle nan Sgoilearan na buannachd don sgoil air fad. Tha e a' toirt cothrom don chloinn na faireachdainnean aca a chur an cèill gu luchd-teagaisg agus luchd-obrach na sgoile agus làmh a bhith aca ann an co-dhùnaidhean sam bith.

A bharrachd air Comhairle nan Sgoilearan tha dòighean eile anns am faod sgoilearan a dhol an sàs ann am beatha na sgoile, is iad Sgoilearan-faire, Eadar-mheadhainearan Chomhaoisean, Caraidean agus Eag-comataidh na sgoile. Tha urram ga thoirt do shoirbheachadh le bhith a' toirt seachadh theisteanasan agus ag obrachadh gus Càirt Òir fhaotainn. Tha siostam taighe ga ruith anns an sgoil a tha a' brosnachadh obair ann an sgioba, le cuach ga thoirt seachad aig deireadh na bliadhna. Thug Comataidh na Gàidhlig an cuach seo seachad airson comharrachadh fosgladh na sgoile. Tha seo a' cuideachadh nan sgoilearan le bhith a' cumail ris agus a' cur air aghaidh riaghailtean na sgoile.

Tha An Comann Gàidhealach air cuach a thoirt seachad airson sgoilearan a bhrosnachadh ri Gàidhlig a chleachdadh ann an suidhichidhean sòisealta anns a' chlas agus tha seo ga thoirt do sgoilearan fa leth aig co-chruinneachadh seachdaineach.

COMHAIRLE NAM PÀRANT

'S iad seo na leanas buill phàrant BSGI airson 2008-09:-

Thomas Brown (Secretary)	thomasbrown470@btinternet.com	Tel: 01463 243 647
Kath Cideris	Khonora28@hotmail.com	Tel: 01667-493237
Ann-Marie Goodwin (Chairperson)	annig@hotmail.co.uk	Tel: 01463-234028
Mairead Mackenzie	maireadmackenzie@yahoo.co.uk	Tel:01463-227411
Dean MacKintosh	deamackintosh@hotmail.co.uk	Tel:01463-241429

LATHA NA SGOILE

Sgoilearan	An sgoil a' fosgladh	Àm-cluich na maidne	Àm-cluiche na dinnearach	An sgoil a' dùnadh
Clas 1-3	9.15m	11 – 11.15m	12.30 - 1.30f	3.00f
Clas 4-7	9.15m	11 – 11.15m	1 - 1.45f	3.15f

Chan eil an t-Ùghdarras a' toirt seachad comhdhail fa leth airson clann aig ceann shìos na sgoile a' tòiseachadh nas anmoiche/a' crìochnachadh nas tràithe. Bidh àm-cluiche bho 3 – 3.15pm (le luchd-faire) aig clann ann an Clas 1-3 a tha a' feitheamh ri comhdhail sgoile.

CLÀRADH

Bidh clann a' tòiseachadh anns an sgoil anns An Lùnastal gach bliadhna ach bidh clàradh a' gabhail àite anns An Fhaoilleach/A' Ghearran air ceann-latha a bhios air a shanasachadh ann am pàipearan-naidheachd ionadail do phàrantan de chloinn a dh'fhaodas tòiseachadh anns an sgoil.

Anns An Ògmhios bidh cothroman aig a h-uile pàiste a tha air clàradh airson Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis pàirt a ghabhail ann am feasgar/madainn àbhaisteach ann an Clas 1. Thèid pàrantan na cloinne ùra fhiathachadh gu feasgar far an tachair iad ri luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh rim pàiste, chì iad roinn ceann shìos na sgoile agus faodaidh iad pàirt a ghabhail ann an còmhradh mu eagrachadh na sgoile/nan clasaichean.

Anns An Ògmhios thèid pàrantan agus pàistean ùra airson na sgoil-àraich fhiathachadh airson tachairt ri luchd-obrach na sgoil-àraich agus airson seisean cluiche neo-fhoirmeil a bhith aca mus tòisich iad anns an sgoil-àraich anns An Lùnastal.

Tha obair-dachaigh ga toirt seachad anns gach clas agus feumar seo a dhèanamh ro dheireadh na seachdain. Bidh caochladh de ghnìomhan air an toirt don chloinn, mar eisimpleir, obair matamataig, litreachadh agus gnìomhan cànan. Aig ceann shìos na sgoile bidh cliathan obair-dachaigh air an toirt seachad aig toiseach gach teirm. Anns na cliathan seo bidh diofar ghnìomhan aig a' chloinn ri dhèanamh air gach oidhche.

Tha sinn an-dràsta a' cur air dòigh caochladh chur-seachadan a ghabhas àite taobh a-muigh latha na sgoile. Nam measg tha lùth-chleasachd, rèisean monaidh, ball-coise agus cluba obair-dachaigh. Tha club Sradagan a' ruith an-dràsta airson clann ann an Clas 1-3.

Ro-ràdh

Is iad a' chlànn a gheibh a' bhuannachd as motha às an cuid foghlaim iad sin aig a bheil pàrantan a chuireas taic ris gach oidhirp a tha iad a' dèanamh nuair a tha iad anns an sgoil. Le bhith a' dèanamh seo tha pàrantan a' brosnachadh beachd na cloinne air an sgoil agus ag obair còmhla ris an tidsear chum math gach pàiste. Tha rannsachadh a' sealltainn dhuinn gu bheil buaidh na dachaigh na phàirt suas ri 87% de dh'fhoghlam na pàiste.

CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS/STIÙIREADH NÀISEANTA 5-14

Chaidh an stiùireadh seo, air a bheil Prògram Leasachaidh 5-14, a dhèanamh le Oifis Foghlaim na h-Alba agus 's e bun-stèidh a th' ann airson curraicealam na sgoile, agus measadh na chois. Tha Curraicealam airson Sàr-mhathais ga chur na àite a-nis.

'S e obair mhòr a bh' ann gus curraicealam adhartach agus pongail a leasachadh aig a bheil ùidhean na cloinne na chridhe. Tha atharrachadh mòr ann am foghlam a' toirt ùine airson a dhèanamh gu math. Bidh buaidhean farsaing aig a' churraicealam seo agus feumaidh luchd-obrach ann an sgoiltean agus ùghdarrasan foghlaim ùine airson na buaidhean seo a dheasbad.

Tha e deatamach gun togar air an eòlas a th' aig sgoiltean an-dràsta agus tha mòran sgoiltean mar-thà a' dèanamh tòrr a tha riatanach airson dòigh ùr de dh'ionnsachadh agus teagasg.

Chan e aon tachartas a thachras aig aon àm a th' ann an Curraicealam airson Sàr-mhathais ach cùrsa leantainneach. Is e seo toiseach tòisichidh cuairt leantainneach de dh'ath-sgrùdadh a' churraicealaim airson a chumail ùr agus suas chun an latha an-diugh, agus a chuireas às do dh'iomairt mhòr sgrùdaidh aig aon àm anns an àm ri teachd.

Tha brìgh a' churraicealaim nas fharsainge na cuspairean a-mhàin agus tha e a' toirt a-steach:

- Feallsanachd agus beatha na sgoile mar choimhearsnachd
- Roinnean a' churraicealaim agus cuspairean
- Rannsachadh agus pròiseactan eadar-chuspaireach
- Cothroman airson soirbheachadh ann an seagh nas fharsainge

Tha e cuideachd an dùil gum bi ionnsachadh ann an roinnean a' churraicealam air a thoirt còmhla fo na cinn seo:

- [Na h-Ealain Follaiseach](#)
- [Slàinte agus Math](#)
- [Cànanan](#)
- [Matamataig](#)
- [Foghlam Creideimh agus Moraltachd](#)
- [Saidheansan](#)
- [Cuspairean Sòisealta](#)
- [Teicneòlasan](#)

CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS AIG BUN-SGOIL GHÀIDHLIG INBHIR NIS

Air an t-seisean seo tha sinn air a bhith ag obrachadh còmhla ann a bhith a' stèidheachadh nan nithean air am bi sinn uile a' cur luach agus air am faod sinn amas. Tòisichidh sinn an uair sin, nar coimhearsnachd sgoile, ris a' churraicealam airson sàr-mhathais againn fhìn a thoirt gu buil.

Bidh roinnean a' churraicealaim, ionnsachadh eadar-chuspaireach, beatha na sgoile agus na coimhearsnachd agus cothroman airson euchdan pearsanta a' leasachadh comasan na chloinne nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, saoranaich ciallach, agus compàirtichean buadhach.

Bidh an curraicealam againn fiùghantach, a' gabhail suim do dh'iomairtean ùra agus bidh e sùbailteach gu leòr gus feumalachdan gach neach-ionnsachaidh a choileanadh.

DEALBHACHADH A' CHURRAICEALAIM

Bidh feallsanachd shoilleir stèidhichte air nithean air a bheil sinn uile a' cur luach aig a' churraicealam againn. Bidh e air a dhealbhadh airson dùbhlàn, tlachd, farsaingeachd, doimhneachd, leanntainneachd, ciall, pearsantachd agus roghainn a bhith anns an ionnsachadh aig gach pàiste. Bidh an curraicealam againn a' gabhail ri suidheachaidhean ionadail agus ri comhairle ionadail agus nàiseanta. Bidh cothroman aig sgiobaidhean agus luchd-teagaisg fa leth dòighean ùr-ghnàthach a tha air an deagh chnuasachadh a chur an gnìomh airson feumalachdan gach neach-ionnsachaidh a choileanadh.

LEASACHADH A' CHURRAICEALAIM

Bidh an luchd-obrach air fad ag ath-sgrùdadh agus a' leasachadh a' churraicealaim againn gu cunbhalach, agus a' gabhail suim do bheachdan agus smuaintean an luchd-ionnsachaidh agus nam pàrantan. Bidh sinn a' dealbhadh gu cùramach, agus ann an co-bhonn ris a h-uile duine aig a bheil com-pàirt anns a' chùis, airson leasachaidhean curraicealaim, atharrachaidhean a rèir feumalachdan an luchd-ionnsachaidh, cothroman airson roghainn agus far am bi e iomchaidh speisealachd.

Tha na prògraman agus na cùrsaichean againn inntinneach, dùbhlànach, freagarrach agus tlachdmhor. Bidh sinn a' freagairt air agus a' coileanadh feumalachdan an luchd-ionnsachaidh. Bidh an clàr-ama a' cumail taic ri leantainneachd am broinn roinnean a' churraicealaim agus ri co-cheanglaichean an lùib ionnsachadh.

EADAR-GHLUASAD

'S e àm de dh'eadar-ghluasad a th' ann don sgoil anns an t-seisean seo. Bidh e gu math riatanach an-dràsta agus anns an àm ri teachd nuair a ghluaiseas luchd-ionnsachaidh bhon sgoil againn gu sgoil eile gum mair leantainneachd agus adhartas anns an ionnsachadh aca. Nì sinn cinnteach gu bheil an luchd-ionnsachaidh againn crùthachail, innleachdach agus deiseil airson saoghal na h-obrach agus nan dreuchdan a tha romhpa.

AN CURRAICEALAM – SEISEAN 08 / 09

Cànan

Anns an t-seisean seo tha sinn air a bhith ag obrachadh le oifigearan-leasachaidh litearras an ùghdarras ionadail airson ar cuid dòighean ann an ionnsachadh agus teagasg litearras a leasachadh. Mar cheum anns an eadar-àm tha luchd-obrach a' cleachdadh stiùireadh 5-14 airson cànan airson leantainneachd a bhith ann. Far an gabh i dèanamh tha an obair chànain ga cur ann an suidheachadh àraid agus ga dhealbhadh airson feumalachdan na cloinne a choileanadh.

Tha cànan aig fìor chridhe ionnsachadh gach pàiste. 'S ann tro chànan a bhios clann ag ionnsachadh mòran de na sgilean aca agus a' faotainn mòran den eòlas a tha aca. Mar sin, bhon Sgoil-àraich gu Clas 7 tha cudrom ga chur air na ceithir prìomh phìosan de chànan – leughadh, sgrìobhadh, èisteachd agus labhairt. Bidh clann ag ionnsachadh tuigse agus bruidhinn na Gàidhlig tro dhaoine a' bruidhinn riutha anns a' Ghàidhlig agus tro ghnìomhan cànan a leithid seinn, a' cluich gheamannan, dràma agus ag èisteachd ri sgeulachdan. 'S e bogadh a theirear ris an seo. Aon uair 's gu bheil tuigse mhath aca air a' Ghàidhlig bidh a' chlann ag ionnsachadh leughadh agus sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig.

Tha an sgoil a' leantainn prògram Comhairle na Gàidhealtachd airson Fraingis aig ceann shuas na sgoile.

Matamataig

An cois matamataig tha taobhan àraid de dh'àireamhachd a bhithear a' leasachadh ann an matamataig agus ann gnìomhan ann an roinnean eile den churraicealam. An-dràsta tha luchd-obrach a' cleachdadh stiùireadh 5-14 airson matamataig airson leantainneachd a bhith ann nuair a tha a' chlann a' tighinn don sgoil ùir againn. Far an gabh i dèanamh tha an obair matamataig ga cur ann an suidheachadh àraid agus ga dhealbhadh airson feumalachdan na cloinne a choileanadh. Tha matamataig cinn eadar-obrachail, gnìomhan practaigeach, rannsachadh, geamannan, fuasgladh cheist agus faighneachd cheist nam prìomh phàirtean den phrògram matamataig anns a h-uile clas.

Tha Prògram 5-14 a' comharrachadh ceithir Builean a rannsaichear leis gach pàiste:

1. Làimhseachadh Fiosrachaidh;
2. Àireamh, Airgead agus Tomhas;
3. Cumadh, Suidheachadh agus Glusad;

Anns gach fear de na trì Builean bu chòir sgoilearan sgilean ann am Fuasgladh Cheist agus Rannsachadh a leasachadh – 's e seo an ceathramh Buil. Tha leasachadh nan sgilean seo a' brosnachadh sgoilearan a bhith a' smaoinichadh air na tha iad a' dèanamh ann am matamataig, a' ceasnachadh agus a' mìneachadh. Tha coimpiutairean, an clàr-geal eadar-obrachail gu h-àraid, air an cleachdadh airson gnìomhan fuasgladh cheist agus airson làimhseachadh fiosrachaidh le stòran-data agus duilleagan-cleithe. Tha àite mòr air a thoirt gu comasan agus sùbailteachd ann an matamataig cinn anns an sgoil.

Saidheans

'S e an t-amas as cudromaiche airson foghlam saidheans nàdar ceasnachail, iongnaidh agus faighneachd na cloinne a phiobrachadh, a bhrosnachadh agus a chumail.

Tha nàdar ceasnachail agus staid iongnaidh aig clann òga agus 's e luchd-ionnsachaidh dèonach agus dèanadach a th' annta agus iad a' strì do bhrìgh a dhèanamh den t-saoghal. Bidh iad a' crùthachadh bheachdan-smuain tro chluich, rannsachadh, dhèanamh agus bheachdachadh le daoine eile. Mar a dh'fhàsas iad nas sine bidh clann a' faighneachd cheistean sireach mar thoradh air na tha iad a' faicinn agus a' faireachdainn gu làitheil de nithean beò, an àrainneachd agus na stuthan, rudan agus uidheaman leis am bi iad ag eadar-obrachadh. Tha daoine òga air am beò ghlacadh le lorgan agus teicneòlasan ùra, agus tha iad a' sìor fhàs mothachail do, agus a' faireachdainn làidir mu dheidhinn, bhuidhean saidheans air an slàinte agus math fhèin, air slàinte a' choluadair agus air an àrainneachd.

Tha ag ionnsachadh tro shaideans a' leigeil le cloinn:

- an àrainneachd a rannsachadh le bhith a’ sealltainn, a’ sgrùdadh, a’ sireadh agus a’ clàradh
- tuigse chinnteach air beachdan-smuain agus bun-bheachdan mòra saidheans a nochdadh
- ciall a dhèanamh de dh’fhianais a tha air a chruinneachadh agus a nochdadh ann an dòigh shaidheansail
- a’ bhuidh a tha aig saidhseans air am beatha, air beatha dhaoine eile, air cultar agus air an àrainneachd aithneachadh
- beachdan a chur an cèill agus co-dhùnaidhean a dhèanamh air cùisean sòisealta, moralta, beusanta, eaconomach agus àrainneachd a tha stèidhichte air an eòlas agus tuigse a tha aca air saidheans
- bunait a stèidheachadh, far am bi sin iomchaidh, airson ionnsachadh adhartach agus dhreuchdan anns an àm ri teachd ann an saidheans agus teicneòlasan.

Eòlas Àrainneachd/Cuspairean Sòisealta

Tha e cudromach gun tuig clann an t-àite anns a bheil iad a’ còmhnaidh agus dualchas an teaghlaich agus an coimhearsnachd. Tro rannsachaidhean sòisealta bidh clann a’ leasachadh tuigse an t-saoghail le bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn dhaoine eile agus an cultar ann an amannan, àiteachan agus suidheachaidhean eadar-dhealaichte, agus mar a bha an àrainneachd aca ga chrùthachadh. Bidh iad ag ionnsachadh mu euchdan mac an duine agus mu ciamar a nìthear ciall de dh’atharrachaidhean, chomhstrìthean agus chùisean àrainneachd. Le tuigse nas fhèarr thig an cothrom gus buaidh a bhith aca air tachartasan le bhith nan saoranaich fiosraichte agus ciallach.

Tha ag ionnsachadh tro rannsachaidhean sòisealta a’ leigeil le cloinn:

- an tuigse den t-saoghal a leudachadh le bhith ag ionnsachadh mu euchdan agus obraichean mac an duine ann an eachdraidh agus an latha an-diugh, cùisean poiliteigeach, sòisealta agus àrainneachd, agus na nithean air am bi daoine a’ cur luach anns a’ choluadair aca agus ann an coluadair eile
- an comas airson smaoinachadh breitheach a leasachadh tro bhith a’ faotainn thuige, a’ mion-sgrùdadh agus a’ cleachdadh fiosrachadh
- an sealladh den t-saoghal agus an creideamhan fhèin a chrùthachadh agus an tuigse aca air diofar chultaran agus chreideamhan a leasachadh
- bunaitean daingeann airson ionnsachadh fad am beatha a stèidheachadh agus, airson cuid dhiubh, rannsachadh àraid adhartach a dhèanamh agus dreuchdan a bhith aca.

Slàinte agus Math

Faodar slàinte agus math a bhrosnachadh mar thoradh air feallsanachd na sgoile air fad a thaobh brosnachadh slàinte – eacarsaich agus beathachadh. Tha structar sgoil brosnachadh slàinte againn agus tha sinn a’ toirt seachad structar taice leasaichte ann a bhith ag obrachadh tron chùrsa barrantachaidh an cois an dàrna deasachadh den innleachd a tha ag amas air buaidh, fèin-mheasadh agus dòighean anns am bi a’ choimhearsnachd an sàs ann an slàinte agus math.

Teicneòlasan

Tha an roinn curraicealaim seo a’ gabhail a-steach bhuilean agus fèin-fiosrachaidhean chrùthachail, practaigeach a tha co-cheangailte ri obraichean ann an ceàird, dealbhachadh, iomhaighean, aodaichean fìgte agus teicneòlasan fiosrachaich.

Tha a h-uile neach-obrach a' cleachdadh ICT airson teagasg a dhaingneachadh agus airson ionnsachadh a bhrosnachadh agus airson taic a thoirt do dh'ionnsachadh. Tha an sgoil air a goireasachadh leis na teicneòlasan as ùire a tha ann agus tha teicneòlas fiosrachaidh ga chleachdadh airson an curraicealam a libhrigeadh, le clàr-geal eadar-obrachail, uidheam gun uèir agus "airliner tablets" anns gach clas a tha nan cuideachadh le ionnsachadh co-obrachail agus leasan don chlas air fad.

Na h-Ealain Follaiseach

An cois Na h-Ealain Follaiseach tha fèin-fiosrachaidhean agus builean ann an ealain agus dealbhadh, dràma, dannsa agus ceòl. Tha leasachadh corporra pàiste a' cheart cho cudromach ris an leasachadh inntinn aige/aice agus tron Fhoghlam Corporra agus Spòrs againn tha sinn a' toirt chothroman a leasaicheas co-òrdanachadh math, ag obair ann an sgioba, giùlan spòrsach agus faireachdainn airson math corporra agus slàinte. Tha cothroman aig sgoilearan a sheinn ann an cois na sgoile agus teagasg fhaotainn air an fheadan/ air a' phìob mhòir agus air ionnsramaidean-ciùil teudach. Tha teagasg air ionnsramaidean teudach/pràis ga thabhann an dèidh deuchainn comais. Tha luchd-ciùil Fèis Rois ag obair le sgoilearan Clas 5 air òrain agus cultar dùthchasach na h-Alba.

Foghlam Creideimh agus Moraltachd

An lùib foghlam creideimh agus moraltaich bidh a' chlann ag ionnsachadh mu Chrìosdaidheachd agus creideamhan eile an t-saoghail, agus tha e cuideachd a' cumail taic ri leasachadh creideamhan agus beusan na cloinne. Cuideachd, tha cuibhreann de sgrùdadh feallsanachail na chois. Gheibh a' chlann foghlam creideimh agus moraltaich tro shealladh coimhearsnachd creideimh na sgoile.

Tha curraicealam Foghlam Creideimh agus Moraltachd ag amas air tuigse agus meas don Bhìoball agus gu h-àraid beatha Ìosa ach thathas a' brosnachadh chloinne meas agus tuigse a bhith aca do chreideamhan eile a chionn 's gur e sgoil eadar-chreideamh a tha seo. Tha ministearan eaglaise le Gàidhlig a' toirt taic don phrògram foghlam creideimh againn le bhith a' tadhal air an sgoil. Tha co-chruinneachadh seachdaineach ga chumail airson a h-uile pàiste anns an sgoil. Thathas a' brosnachadh agus a' leasachadh bheusan freagarrach agus thathas a' toirt air a' chloinn uallach a ghabhail air an son fhèin agus mar choimhearsnachd de sgoilearan. Tha gnìomhan air a' chuspair seo a' cuideachadh sgoilearan ann a bhith a' cur luach air beusan a leithid firinn, cothromachd, spèis do chàch agus a' leasachadh riaghailtean giùlain pearsanta dhaibh fhèin. Faodaidh pàrantan iarraidh gun tèid am pàiste a thoirt às a' phrògram Foghlam Creideimh agus Moraltachd.

CUSPAIREAN-TARSAINN AGUS RANNSACHADH EADAR-CHUSPAIREACH

Ann a bhith ag amas air curraicealam fiùghantach agus tarraingeach a thoirt seachad tha luchd-obrach air a bhith a' cleachdadh cuspairean-tarsainn far an gabh sin a dhèanamh. Is iad eisimpleirean dhiubh seo slàinte agus math, iomairt, buanachadh, saoranachd, cultar agus dualchas.

Tha an sgoil againn ag amas air inbhe na Sgoil Brosnachadh Slàinte agus na h-Eag-sgoil.

Bidh dòighean-obrach ùra na sgoil mu choinneamh obair eadar-chuspaireach ag amas air slàinte agus math agus foghlam airson buanachadh gu h-àraid. Bidh a h-uile clas a' dèanamh co-dhiu dà uair a thide de eacarsaich corporra gach seachdain.

Mar thoiseach tòisichidh airson leasachadh a' churraicealaim tha grunnan chuspairean "torrach" air a bhith air an stèidheachadh airson feuchainn anns a' chiad bhliadhna. Chaidh

bliadhna na sgoile a roinn ann an ceithir teirmean le cuspair air a thoirt airson gach teirm. Is iad na leanas na cuspairean a bha ann airson 08-09:

**CUSPAIREAN AIRSON RANNSACHADH AGUS LORG
(AREAS OF DISCOVERY AND EXPLORATION)**

Areas of Exploration and Discovery	BRIGHT NEW SCOTLAND (Sustainability)	ENTEPRISING AND CARING SCOTLAND (Enterprise and Citizenship)	HEALTHY SCOTLAND (Health and Well-being)	SCOTLAND IN THE WORLD (Arts, Culture and Heritage)
Main Themes	SEASMHACHD	IOMAIRT AGUS SAORANACHD	SLAINTE AGUS FÀLLAINEACHD	EALAIN, CULTAR AGUS DUALCHAS
YEAR 1	Litter	I Didn't Expect That	Friends and Family	The Publishing House
YEAR 2	Energy	Look at what I Can Do	Healthy Teeth / Happy Smile	Then and Now
YEAR 3	Transport	Seeds for Growth	Healthy Food and Cooking	Pictures at an Exhibition
YEAR 4	Waste Minimisation	Making a Difference	Moving for Health	Walk Through Time
YEAR 5	Biodiversity	When Things Go Wrong	Healthy Heart	Hot Topics – Topics in the News
YEAR 6	School Grounds	Fairtrade and Global Issues	Healthy Relationships	My Family Tree
YEAR 7	Water	Who Wants to be a Millionaire? - Managing Money	Moving On / Keeping Happy and Safe	Lights, Camera, Action

Bu chòir buannachd bhon churraicealam againn a leigeil le gach neach-ionnsachaidh buannachadh bhon fhoghlam aca agus taic a thoirt dhaibh ann an caochladh dhòighean airson a dhèanamh cho math 's as urrainn dhaibh. Tha sinn airson farsaingeachd de thachartasan a thoirt seachad a bhrosnaicheas ionnsachadh gnìomhachail agus a bheir air luchd-ionnsachaidh smaoinichadh. Feumaidh e comas a thoirt don a h-uile sgoilear bunait làidir de dh'èolas a thogail agus dealas do bhreithneachadh suimeil agus dol a-mach beusach a chrùthachadh.

SAORANACHD

Tha Saoranachd na pàirt de churraicealam na sgoile agus tha i ag ullachadh nan sgoilearan airson an dleastanasan agus uallaichean mar inbhich. An cois seo tha tuigse de na còraichean againn, mar chlànn agus mar inbhich, tuigse den phàirt a tha againn anns a' choimhearsnachd agus tuigse de na h-uallaichean againn nar n-inbhich. Tha Comhairle nan Sgoilearan againn a' toirt chothroman airson deasbad, èisteachd agus co-rèiteachadh – sgilean a chuidicheas sgoilearan le eòlas a chur air dè tha ann a bhith nad dheagh shaoranach. Tha Comhairle nan Sgoilearan agus Comhairlichean Clas a' toirt tachartasan ionnsachaidh gnìomhachail do na sgoilearan againn.

IOMAIRT ANN AM FOGHLAM

Tha Iomairt ann am Foghlam a' toirt buannachd de sgoilearan ge be dè na comasan agus dòchasan a tha aca, a' cuideachadh le bhith a' leasachadh bheachdan, sgilean, eòlas agus tuigse air a bheil an coluadair a' cur luach.

Tha gnìomhan iomairt a' brosnachadh nan sgoilearan gus an smuain 'dèan cho math 's as urrainn dhut' a ghabhail agus tha e cuideachd a' brosnachadh nan sgoilearan cho cudromach 's a tha e miannan agus targaidean a bhith aca. Tha co-cheangal làidir eadar iomairt ann am foghlam agus saoranachd a chionn 's gu bheil co-obrachadh eadar an sgoil, pàrantan agus a'

choimhearsnachd san fharsaingeachd an cois gach cuspair. 'S e eisimpleir dheth seo an t-ullachadh airson Fèille Iomairt le Clas 7 anns an Dùbhlachd 2007. Tha an Eag-comataidh agus Comhairle nan Sgoilearan a' leasachadh àrainn na sgoile mar phàirt den phrògram Eag-sgoiltean agus tha iad mar-thà air a' phlana ghnìomha aca a phàirteachadh le coimhearsnachd na sgoile.

MEASADH, CLÀRADH AGUS PÀIRTEACHADH

'S e tha ann am measadh dòighean anns a bheil fiosrachadh ga chruinneachadh a leigeas le luchd-teagaisg, sgoilearan agus pàrantan dealbh cheart a dhèanamh de na tha pàiste a' coileanadh mu choinneamh na thathas a' sùileachadh bhuaithe/bhuaipe. Thèid co-dhùnaidhean airson na h-ath-cheumnan teagaisg a dhealbhadh on choimeas seo. Tha luchd-teagaisg a' measadh adhartas ann an caochladh dhòighean. Am measg nan dòighean seo tha, a' sealltainn air sgoilearan ag obrachadh, a' bruidhinn riutha mun obair aca, a' bruidhinn riutha mu na Planaichean Ionnsachaidh Pearsanta aca, a bharrachd air gnìomhan àraid, measaidhean sgoile agus Measaidhean Nàiseanta.

Bidh luchd-teagaisg a' pàirteachadh adhartas agus euchdan nan sgoilearan bhon fhianais a tha aca rè na bliadhna. Airson na measaidhean aca fhèin a dhearbhadh cleachdaidh luchd-teagaisg Stòras Nàiseanta nam Measaidhean airson pìosan measaidh fhaotainn. Tha iad seo nan goireasan feumail agus cudromach airson fianais fhaotainn mu adhartas nan sgoilearan ann an Leughadh, Sgrìobhadh agus Matamataig. Bidh na Measaidhean Nàiseanta seo a' dèanamh coimeas eadar adhartas do phàiste agus na h-ìrean ann an Alba gu lèir. Cuideachd, bidh luchd-teagaisg ann an Clas 5 agus Clas 7 a' cleachdadh Nelson C.A.T (Cognitive Ability Test) a tha a' toirt tuilleadh fiosrachaidh air comas a dh'fhaodadh ruighinn agus a' nochdadh cion adhartais a dh'fhaodadh a bhith ann. Thèid bruidhinn ri pàrantan mu na toraidhean seo.

Tha aithisgean air adhartas sgoilearan nam pàirt cudromach den chonaltradh eadar an dachaigh agus an sgoil. Is iad na leanas conaltradh foirmeil airson pàrantan:

Teirm 1: Feasgar fosgailte airson coinneachadh ri neach-teagaisg

Teirm 2: Coinneamh foirmeil 1-1 le pàrantan/neach-teagaisg

Teirm 3: Aithisg foirmeil deireadh an t-seisein.

Bidh an aithisg seo a' toirt tuairisgeul air adhartas do phàiste anns an fharsaingeachd agus ag innse nan ath-cheumnan anns an ionnsachadh aca. Bidh an aithisg seo na clàr-gnothaich airson na coinneimh foirmeil 1-1 le pàrantan agus neach-teagaisg.

Bheir coinneamhan foirmeil cothrom do phàrantan bruidhinn mu adhartas am pàiste le neach-teagaisg a' chlas. A bharrachd air seo tha pàrantan di-beathte coinneamh a chur air dòigh a thighinn don sgoil airson bruidhinn mu ghnòthach sam bith a tha na uallach dhaibh.

Ma tha do phàiste a' strì le duilgheadasan ionnsachaidh tha e gu math cudromach gum faigh e/i cuideachadh cho tràth 's a ghabhas. Anns a' mhòr chuid de shuidheachaidhean gheibh do phàiste cuideachadh bho luchd-taic na sgoile. Ach ann an suidheachaidhean àraid math dh'fhaoidte gun iarr an sgoil do chead airson eòlaiche-inntinn foghlaim a thoirt an sàs airson measadh neo-eisimealach a dhèanamh. Bidh pàrantan an sàs ann an dèanamh thargaidean agus ath-sgrùdadh adhartais.

Rè measadh foirmeil, thèid tuairisgeul slàn de dh'fheumalachdan foghlaim do phàiste a thoirt seachad. Tha còir agad a bhith an sàs anns a' mheasadh seo aig a h-uile ìre. An dèidh a' mheasaidh ma tha an t-ùghdarras a' creidsinn gu bheil feumalachdan mòra aig do phàiste,

sgrìobhaidh an t-ùghdarras sgrìobhainn air a bheil “Plana Taice Co-òrdanaichte” airson do phàiste. Tha seo a’ dèanamh soilleir an taic a bu chòir do phàiste fhaotainn.

Tha gach neach-teagaisg a’ cumail clàr den obair a thathas a’ dèanamh. Tha còir agad na clàran seo fhaicinn ma thogras tu. Ma tha thu airson am faicinn faighnich den tidsear. Tha tidsearan Taic-ionnsachaidh a’ cumail chlàran mionaideach airson clann le feumalachdan mòra sònraichte. Tha iad seo uile rim faicinn le pàrantan ma thogras iad.

DÀIMH RI PÀRANTAN

Tha an sgoil a’ cur luach air co-obrachadh agus taic phàrantan, agus nì sinn ar dìcheall a chumail oirnn a’ daingneachadh chairdeasan le pàrantan le bhith gan toirt a-steach cho mòr ’s as urrainn dhuinn ann am beatha na sgoile. Is toil leinn conaltradh le pàrantan agus a bharrachd air na coinneamhan phàrantan “traidiseanta” tha coinneamhean gan cumail airson dè agus ciamar a tha clann ag ionnsachadh a mhèineachadh. Faodaidh pàrantan coinneamh iarraidh le luchd-teagaisg air neo leis a’ phrìomh luchd-obrach. Bhìomaid nad chomain nan dèanadh tu coinneamh ron àm le bhith a’ cur fòn chun na sgoile (Fòn: 725980). Tha buidhnean-obrach air an cur air dòigh airson phàrantan air a leithid Matamataig, Leughadh, an Sgoil-àraich agus Bliadhnaichean tràth na bun-sgoile.

Tha sinn gu mòr an comain an taice a tha Comhairle nam Pàrantan a’ toirt seachad, a bharrachd air a’ chuideachadh a tha pàrantan a’ toirt dhuinn le cur-seachadan taobh a-muigh na sgoile, tursan sgoile agus gnìomhan practaigeach rè latha na sgoile.

Math dh’fhaoidte gur e an rud as cudromaiche as urrainn pàrant a dhèanamh ùidh a ghabhail ann an adhartas am pàiste anns an sgoil le bhith gam brosnachadh ri obair chruaidh agus a’ daingneachadh dhaibh gu bheil na thathas ag ionnsachadh san sgoil freagarrach agus feumail. Thèid Cliathan Ro-shealladh an Teirm airson Clas 1 a thoirt do phàrantan aig toiseach gach teirm. Seallaidh na cliathan na prìomh phuingeann a bhithear a’ teagasg air an teirm sin anns gach roinn den churraicealam.

Anns a’ mhòr chuid, bidh obair-dachaigh a’ daingneachadh obair a bha air a dhèanamh anns an sgoil mar-thà.

FRITHEALADH

Thathas an dùil gun ruig clann an sgoil ann an àm airson toiseach latha na sgoile agus ma tha iad air deireadh gu bitheanta bidh seo air a chlàradh. Tha frithealadh na sgoile riatanach anns an lagh. Mur a h-eil frithealadh aig ìre a bu chòir cuiridh sinn fios air pàrantan. Mura tig piseach air frithealadh pàiste faodaidh sinn a’ chùis a thoirt do dh’Oifis Foghlaim na Sgìre agus aig a’ cheann thall dh’fhaodadh a’ chùis a dhol gu panal na cloinne.

Airson ’s gum bi fios aig an sgoil agus aig pàrantan daonnan far a bheil pàiste, feumaidh pàrantan innis do dh’oifis na sgoile ro 9.30m gach latha ma tha am pàiste gu bhith far na sgoile.

Feumaidh pàrantan sgrìobhadh gu Ceannard na Sgoile le gach iarrtas airson pàiste a thoirt às an sgoile rè àm an teirm. Feumaidh iad fiosrachadh slàn a thoirt seachad air na h-uairean, cinn-latha agus adhbhar airson pàiste a thoirt às an sgoil.

TINNEAS TRON LATHA

Ma bhios sgoilear a' faireachdainn tinn anns an sgoil, air neo ma tha sgoilear air a ghortachadh aig àm-cluiche, cuiridh sinn fios air pàrantan sa bhad. Ma tha e coltach gum feum pàiste cobhair mheidigeach èiginneach agus chan urrainn dhuinn fios a chur gu pàrant air an àireamh-fòn èiginneach aca bheir sinn a' phàiste gu Roinn Tubaist agus Èiginn Ospadal an Reig Mhòir. Thèid cuideigin bhon sgoil còmhla ris a' phàiste agus cùmaidh oifis na sgoile oire a' feuchainn ri fios a chur gu pàrantan a' phàiste. Mar sin, tha e gu math riatanach gum bi fios ceart aig an sgoil air na h-àireamhan-fòn èiginneach aig pàrantan.

A' BROSNACHADH MODHA MATH

Thathas a' brosnachadh a h-uile pàiste a bhith gan giùlan fhèin gu modhail, dòigheil, spèis a thoirt do dh'inhich agus clann eile agus moit a bhith aca annta fhèin agus anns an sgoil.

Thèid bruidhinn ri clann mu dhuilgheadasan sam bith, agus thathas a' cuideachadh clann a bhith:

- Ag èisteachd ri chèile
- A' mìneachadh buaidh na rinn iad air daoine eile
- A' gabhail uallach airson na rinn iad
- Ag aithneachadh nan robh iad air rudeigin a dhèanamh ann an dòigh eile gum faodadh buil eile air a bhith ann
- A' dèanamh rudeigin eile an ath-thuras a chuidicheas an suidheachadh

Gheibh clann duaisean airson giùlan math le caochladh de dhruisean, nam measg, Puingean Taighe, stampaichean agus stiogairean, teisteanasan agus càrtean buidhe agus òir. Tha soirbheachadh àraid ga chomharrachadh aig Co-chruinneachaidhean far am bi teisteanasan agus Càrtean Buidhe/Càrtean Òir gan toirt seachad agus tha Puingean Taighe air an nochdadh don sgoil gu lèir gach seachdain air an sgrìon mhòr plasma anns an trannsa. Ma tha duilgheadas aig pàiste len giùlan air neo le leantainn riaghailteann na sgoile tha poileasaidh aig an sgoil airson daingneachadh giùlan dòigheil a tha air a dhealbhadh airson taic a thoirt do chloinn. Tha e cudromach gun cùm sinn oirnn a' toirt fiosrachadh do phàrantan mu ghiùlan am pàiste anns an sgoil.

POILEASAIDH AIR BURRAIDHEACHD

'S e tha ann am burraidheachd “giùlan uair is uair, a dh'aon ghnòthach, a chleachdas cumhachd airson eagal, cràdh air neo mi-thoileachas adhbharachadh ann an daoine eile”.

Tha faireachdainn de dh'earbsa ga chrùthachadh anns an sgoil tron phrògram Foghlam Pearsanta agus Sòisealta agus gum faod draghan chloinne an cnuasachadh agus dèiligeadh riutha. An cois a' phrògram seo tha trèanadh airson clann a bhith cinnteach àsta fhèin, a' toirt dhaibh nan sgilean a chuidicheas iad le bhith a' dèiligeadh ri burraidhean.

Ma tha burraidheachd air aithris feumaidh am burraidh a thuigsinn nach eil an giùlan seo ceart air neo freagarrach. A bharrachd air am mi-thoileachas a nochdadh, bu chòir na h-inbhich (pàrantan agus luchd-obrach) obrachadh còmhla ris a' bhurraidh agus beachdachadh air diofar dhòighean anns am faod iad iad fhèin a ghiùlan. Tha gach tachartas burraidheachd air a chlàradh ann an Leabhar-cunntais Thachartasan. Bu chòir pàrantan innse don sgoil sa bhad ma gheibh iad a-mach mu thachartas sam bith a dh'fhaodadh a bhith air a mheas mar bhurraidheachd. Thathas a' brosnachadh na cloinne a dh'innse mu dheidhinn agus beachdachadh air draghan air neo duilgheadasan a tha aca a thaobh burraidheachd leis an neach-teagaisg aca, air neo le inbheach sam bith anns a bheil earbsa aca, cho luath 's a ghabhas.

POILEASAIDH IOMADH CHULTURACH AGUS CO-IONNANACHD CINNIDH

Bithear a' brosnachadh na cloinne spèis a bhith aca ri daoine eile agus meas a bhith aca air na h-eadar-dhealachaidhean am measg an comhaoisean. Tha obair air feadh na sgoile ann am Foghlam Pearsanta agus Sòisealta a' brosnachadh agus a' teagasg na cloinne gus coimhead air eadar-dhealachaidhean mar nithean a tha gar sònrachadh, agus cuideachd a smaoineachadh air mar a bhios na rudan a chanas iad a' bualadh air faireachdainnean dhaoine eile. Tha gach tachartas gràin cinnidh air a chlàradh ann an Leabhar-cunntais Thachartasan. Tha Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis an aghaidh claon-bhreith air neo leth-bhreith ann an riochd sam bith.

AODACH -SGOILE

Tha sinn gu mòr airson gum bi a' chlann a' cur aodach-sgoile orra agus tha sinn a' cur fàilte air taic phàrantan airson còd aodach na sgoile. Chaidh mòran bheachdan a chur air adhart rè a' cho-chomhairleachaidh agus mu dheireadh thall chaidh na dathan uaine agus purpaidh a thaghadh. Chuir a' chlann caochladh de dhealbhan a-staigh agus mu dheireadh thall 's e seòrsa fòghnan a chaidh a thaghadh mar shuaicheantas na sgoile. Chaidh gabhail ris an t-seann fhacal “An t-ionnsachadh òg, an t-ionnsachadh bòidheach” mar fhacail-shuaicheantais na sgoile. Tha an t-aodach a tha na phàirt de dh'aodach-sgoile anns an liost gu h-ìosal. Faodaidh lèintean-spòrs, lèintean-polo, seacaidean-blàth, seachdainean dà thaobhach, agus adan le suaicheantas na sgoile an òrdachadh aig oifis na sgoile.

Nigheanan

Briogais/sgiort dhubh/ghlas

Lèine-polo phurpaidh

Lèine-spòrs uaine

Balaich

Briogais dhubh/ghlas

Lèine-polo phurpaidh

Lèine-spòrs uaine

Seacaid-bhlàth uaine
Seacaid dà-thaobhach phurpaidh/uaine

Seacaid-bhlàth uaine
Seacaid dà-thaobhach phurpaidh/uaine

Faodaidh an t-aodach-sgoile air fad òrdachadh agus a thogail aig an sgoil. Tha fiosrachadh mu phrìsean agus mheudan air bileag-òrdachaidh an aodaich-sgoile a gheibhear bho oifis na sgoile. Airson an togalach a dhìon bu chòir brògan a-staigh a bhith aig a h-uile pàiste (me, brògan-trèanaidh air neo brògan boga) a chùmar anns an sgoil. Thathas a' moladh gum bi brògan boga gun bharallan aig clann nas òige, me, brògan bòga le ceanglaichean bhelcro air neo brògan a dh'fhaodas pàiste a tharraing air an casan.

AODACH CLEASACHD

Feumaidh an t-aodach a leanas a bhith air pàiste airson cleasachd:

Nigheanan	-	Briogais ghoirid, lèine-T/polo phurpaidh, brògan cleasachd
Balaich	-	Briogais ghoirid, lèine-T/polo phurpaidh, brògan cleasachd
Brògan	-	Brògan cleasachd (air am fàgail anns an sgoil agus air an cur orra anns na clasaichean)

Air adhbharan slàinte agus sàbhailteachd, chan fhaod fainneachan-cluaise air neo seudraidh eile a bhith air pàiste aig àm cleasachd. Chan eil deiseachan-spòrs nam pàirt de dh'aodach na sgoile. Faodaidh brògan cleasachd am fàgail anns an sgoil rè na teirm agus faodaidh an cleachdadh anns a' chòrr den sgoil (faic gu h-àrd).

RUDAN LUACHMHOR

Tha uallach air gach sgoilear airson na rudan luachmhor aca fhèin, agus an seudraidh aca. Chan urrainn luchd-obrach uallach a ghabhail uair sam bith air an son seo, gu h-àraid aig àm cleasachd. Cha bu chòir airgead fhàgail ann am бага air neo pocaid uair sam bith nuair nach eil duine faisg orra. Cuideachd chan fhaod fòn-làimhe a chleachdadh anns an sgoil idir. Ma tha pàrant airson gum bi fòn-làimhe aig pàiste aig deireadh an latha-sgoile, feumar am fòn-làimhe a thoirt do neach-teagaisg a' chlas aig toiseach an latha agus a thogail a-rithist aig deireadh an latha sgoile.

DINNEARAN SGOILE

Tha dinnear sgoile a' cosg £1.65 gach latha agus bidh pàigheadh airson na seachdain (air neo mìos/teirm) air a chruinneachadh le luchd-obrach cidsinn na sgoile air a' chiad latha de gach seachdain. Tha an còcaire, còmhlà ris a' chloinn, a' cur air dòigh roghainnean fallain agus nochd clàran-bìdhe ùra anns An Damhair 2008.

Tha foirm-tagraidh airson Dinnearan sgoile an-asgaidh agus Tabhartas aodaich airson na bliadhna sgoile a tha romhainn gu bhith air atharrachadh agus bith atharrachaidhean mòra air a' foirm ùr. An-dràsta faodar dinnearan sgoile agus tabhartas aodaich airson do chloinne iarraidh ma tha thu a' faotainn gin de na leanas:

- Income Support
- Income-based Jobseekers Allowance

- Child Tax Credit
- Support under Part VI of the Immigration and Asylum Act 1999
- Working Tax Credit with NHS Exemption
- Widowed Person's Allowance

Faodaidh foirmichean tagraidh an togail bho oifis na sgoile.

BOGSAICHEAN BIDHE/UISGE

Air adhbharan slàinte, slàinteachas agus sàbhailteachd tha an t-ùghdarras a' moladh na leanas:

1. Feumaidh biadh sam bith a ghiùlan ann an soitheach leth-chruaidh le ceann a cheanglaichear, me. Tupperware, tuba uachdar-reòithe air neo rudeigin den aon seòrsa. Bu chòir soithichean agus cinn a bhith air an comharrachadh gu soilleir le ainm an sgoileir.
2. Chan eil botail air neo soithichean glainne ceadachta fo Riaghailtean Slàinte agus Sàbhailteachd.
3. Air sàilleibh cunnart losgaidh chan fhaodar flasan le lionn teth a thoirt don sgoil.
4. Chan fhaodar deochan gasach ann an canastairean air neo botail a thoirt don sgoil air sàilleabh nan cunnartasan a tha nan cois.
5. Feumar biadh ann am bogsaichean bidhe ithe anns an t-seòmar-ithe.

Tha uisge fuar airson òl ri fhaotain aig an sgoil agus thèid botal uisge an urra a thoirt do gach pàiste anns an sgoil agus faodar iad seo an lìonadh gach latha. Nìghidh luchd-obrach cidsin na sgoile na botail a h-uile Dihaoine ach faodaidh clann na botail aca a thoirt dhachaigh gach feasgar airson nìghe aig an taigh mas e sin as fheàrr leotha.

DÌON CHLOINNE

Bho àm gu àm bidh rudan a' tachairt anns an sgoil a bhios ag adhbharachadh uallach agus a dh'fhaodadh a bhith na chomharra gu bheil pàiste a' fulang droch dhìol air choireigin.

A rèir Stiùireadh Comataidh Eadar-bhuidhnean Dìon Chloinne na Gàidhealtachd, **feumaidh** luchd-obrach Seirbhis an Fhoghlaim tachartasan den t-seòrsa seo gu Seirbhisean nan Obraichean Sòisealta agus dh'fhaodadh buil seo a bhith co-rannsachadh leis a' Phoileas/Obraichean Sòisealta.

Tha e na dhleastanas aig a h-uile buidheann a tha an sàs ann an Dìon Chloinne math na cloinne a bhith aca mar a' chiad phrìomhachas agus 's e seo prìomhachas luchd-obrach Seirbhis an Fhoghlaim.

SLÀINTE AGUS SÀBHAILTEACHD

Seirbhisean meidigeach: Dotair air neo Fiaclair

Ma dh'fheumas pàiste a dhol gu dotair air neo fiaclair rè uairean na sgoile bhiodh litir bheag le àm na coinneimh na chuideachadh don neach-teagaisg.

Slàinte

Ma bhios tubaist aig pàiste anns an sgoil math dh'fhaoidte gum feumar an toirt don ospadal. Nìthear gach oidhirp fios a chur air pàrantan ma thachras seo. Ma bhios pàiste tinn, thèid e/i chur dhachaigh air neo don t-Seòladh Èiginneach. Bho àm gu àm bidh Oifigear Meidigeach na Sgoile agus Nurs a' dèanamh sgrùdaidhean meidigeach gnàthach.

Plana airson Tachartas Cudromach/Drile Teine

Tha sanasan air an nochdadh anns gach seòmar/àite anns an sgoil ag innse dè dh'fheumas dèanamh ann an suidheachadh èiginneach cudromach air neo ma thòisicheas teine. Tha luchd-teagaisg a' cur ann an cuimhne nan sgoilearan gu cunbhalach na thachras ma bhios teine ann agus tha an sgoil a' cumail drile teine co-dhiùbh aon turas anns gach teirm.

CO-CHEANGLAICHEAN RI ÀRD-SGOILTEAN

Ged as e Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis an àrd-sgoil a thathas a' moladh airson sgoilearan meadhan-Ghàidhlig, faodaidh tu, mar phàrant, àrd-sgoil do roghainn fhèin a roghnachadh, ged a tha cùmhnantan àraid mu choinneamh seo. Tha litrichean oifigeil mu na thathas a' cur air dòigh a thaobh a' ghluasaid chun na h-àrd-sgoile air an cur gu gach teaghlach anns An Fhaoilleach.

Àrd-sgoiltean Ionadail:

Sgoil	Ceannard	Àireamh-fòn
Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis	Mgr J Considine	01463 222884
Acadamaidh Bhaile Theàrlaich	Mgr C MacSuain	01463 234324
Acadamaidh Chùil-lodair	Mgr S Dowds	01463 790851
Àrd-sgoil Inbhir Nis	Mgr R Coineagan	01463 233586
Acadamaidh Allt a' Mhuilinn	A' Bh-Uas D Thornton	01463 233573

Òrdachadh airson gluasad gu àrd-sgoil:

1. Tha clàr gluasaid air a chur chun na h-Àrd-sgoile.
2. Tha coinneamh air a cumail eadar luchd-teagaisg na Bun-sgoile agus na h-Àrd-sgoile.
3. Tadhlaidh Luchd-teagaisg Stiùiridh AS1 air Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis.
4. Thèid na sgoilearan fhiathachadh a thadhal air an Àrd-sgoil aca.

5. Thèid clann le duilgheadasan ionnsachaidh fhaicinn le luchd-teagaisg Taic Ionnsachaidh na h-Àrd-sgoile mus tòisich iad.

ÀS DÈIDH NA SGOILE/COMATAIDH RIANACHD

Tha an Talla, Seòmar nam Pàrantan agus cuid de na seòmraichean-teagaisg rim faotainn air mhàl taobh a-muigh uairean na sgoile agus tha BSGI a' dol na fòcas airson buidhnean coimhearsnachd Ghàidhlig Inbhir Nis. Tha comataidh rianachd a' coinneachadh gu cunbhalach agus tha e a' sealltainn ri gnothaichean coimhearsnachd na sgoile, an cois sin tha a' leigeil ghoireasan a-mach air mhàl, agus an-dràsta 's i Dolina Ghrannnd, Oifigear Ionnsachadh Coimhearsnachd agus Leasachaidh airson roinn an Fhoghlaim, Cultair agus Spòrs, a tha a' ruith na comataidh. Thathas an dòchas an taic bho Ionnsachadh agus Cur-seachad Coimhearsnachd a leudachadh gus gnothaichean coimhearsnachd na sgoile a leasachadh gu ìre eile a rèir Plana Gàidhlig na Comhairle.

MIOSACHAN NA BLIADHNA 2008-09

FOSGAILTE	DÙINTE
Diluain 18 An Lùnastal 2008 (luchd-obrach a-mhàin)	
Dimàirt 19 An Lùnastal 2008	Dihaoine 10 An Dàmhair 2008
Diluain 27 An Dàmhair 2008 (luchd-obrach a-mhàin) Diciadain 29 An Dàmhair 2008 (sgoilearan)	Dihaoine 19 An Dùbhlachd 2008
Diluain 5 Am Faoilleach 2009	Dihaoine 27 Am Màrt 2009
Dimàirt 14 An Giblean 2009	Diardaoin 2 An t-Iuchar 2009

1. Is iad na làithean-saora Dihaoine na Ceusta (10 An Giblean 2009), Diluain na Càisge (13 An Giblean 2009) agus Latha Bealltainn (4 An Ceitean 2009).
2. Cinn-latha (gam moladh) airson deireadh-seachdain a' Ghearrain: Dihaoine 13 agus Diluain 16 An Gearran 2009.

Dùnaidhean Sgìre na Gàidhealtachd airson Làithean In-sheirbhis:

- A' chiad latha air ais an dèidh an t-samhraidh – Diluain 18 An Lùnastal 2008
- An dà latha an dèidh làithean-saora An Dàmhair – Diluain 27 agus Dimàirt 28 An Dàmhair 2008
- Diardaoin ro dheireadh-seachdain a' Ghearrain – Diardaoin 12 An Gearran 2009
- Dimàirt an dèidh deireadh-seachdain a' Ghearrain – Dimàirt 17 An Gearran 2009

**BUN-SGOIL GHÀIDHLIG INBHIR NIS
SEIRBHEIS FIOSRACHADH FÒN - STIÙIREADH DO PHÀRANTAN**

Tha seirbhis aig sgoiltean a-nis far am faodar fònadh airson fiosrachadh ma tha cunnart ann gum feum a dùnadh ri linn droch shìde. Tha seo a' leigeil le pàrantan èisteachd ri teachdaireachd chlàraichte bho Cheannard na Sgoile.

Nuair a gheibh sinn rabhadh mu fhìor dhroch shìde nì sinn ar dìcheall an siostam seo a chumail suas chun a' mhionaid. 'S e leasachadh a tha seo air an t-seirbhis a tha ann an-dràsta agus chan eil seo a' dol an àite dòighean a tha an an-dràsta airson fiosrachadh a thoirt seachad, me air an rèidio, a tha air an comharrachadh ann an Stiùireadh airson Droch Shìde nan sgoiltean.

Tha feartan eile na seirbhis a dh'fhaodadh a bhith ann air an cur sìos gu h-ìosal. (Cuimhnich, 's e seirbhis 0870 a tha seo le cosgaisean beagan nas àirde na an àbhaist. Ach, air an làimh eile cha bhi agad ri feitheamh agus cha bu chòir dhut a bhith nas fhaide na 1 mhionaid air a' fòn).

Mar a chleachdar an seirbhis:

- Cuir fòn gu àireamh inntrigidh Comhairle na Gàidhealtachd – 0870 054 6999
- Cuir a-staigh àireamh àraid na sgoile 04 3280
Bidh 2 chothrom agad àireamh na sgoil (04 3280) a chur a-staigh agus thèid do ghearradh dheth an dèidh an dàrna uair a dh'fhailleachas ort. Ma thachras seo dèan cinnteach gu bheil an àireamh cheart agad agus feuch a-rithist. Mura faigh thu troimhe an turas seo cuir fios air an sgoil.
- Cluinnidh tu ainm na sgoile. Dèan cinnteach gu bheil seo ceart mus lean thu air adhart.
- Thèid do thoirt chun a' phrìomh chlàr-iùil far am bi 4 roghainnean agad:

Brùth 1 airson teachdaireachd na sgoile agadsa mun droch shìde, mar eisimpleir, am bi an sgoil a' dùnadh gus nach bi air neo a bheil buaidh aig an droch shìde air comhdhail na sgoile.

Brùth 4 airson an àireamh aig sgoil eile anns an ùghdarras a chur a-staigh. Math dh'fhaoidte gum bi clann aig pàrantan a bhios a' frithealadh sgoiltean eile. Tha an roghainn seo a' toirt cothrom dhut gluasad bhon teachdaireachd aig aon sgoil gu teachdaireachd sgoile eile gun a bhith agad ri fònadh a-rithist.

A' CLEACHDADH FHEARTAN EILE

Brùth 2 airson teachdaireachd NACH EIL tuilleadh is cudromach a chur chun na sgoile. Chan eil sinn a' moladh na seirbhis seo do phàrantan. Na fàg teachdaireachd cudromach a chionn chan fhaod an sgoile a bhith cinnteach gun togar an teachdaireachd luath gu leòr airson rudeigin a dhèanamh mu deidhinn. Airson teachdaireachd chudromach dèan cinnteach gum bruidhinn thu ri neach-obrach sgoile.

Brùth 3 airson teachdairean fiosrachaidh san fharsaingeachd a chluinntinn.

Math dh'fhaoidte gun cleachd an sgoil an siostam seo mar mheadhan airson tuilleadh fiosrachaidh mu thachartasan sgoile a thoirt seachad, me, busaichean a' tilleadh bho thursan sgoile. Cluinnear suas ri 10 teachdairean gu lèir leis an fheadhainn as ùire rin cluinntinn an toiseach.

Airson sgoilearan a' gabhail comhdhail na sgoile

- Bu chòir pàrantan innse don chloinn aca dè cho fada 's a bu chòir dhaibh feitheamh ris a' chomhdhail aca aig an àite-togail aca. Bidh seo a rèir na sìde agus na tha ann dè dh'fhasgadh aig an àite-togail. Ann an droch shìde chan eilear an dùil gum feith sgoilear nas fhaide na fichead mionaid an dèidh na h-uarach àbhaistice airson an togail.

- Bu chòir fios a bhith aig pàrantan air an eadar-dhealachadh eadar carabadan cùmhnaint agus carabadan na seirbhis poblaiche. Thathas a' moladh do dhràibhearannan charabadan cùmhnaint gun a bhith a' leigil sìos clann ma tha teagamh sam bith ann nach ruig a' chlann air an dachaigh air neo àite fàsaidh eile. Feumaidh dràibhearannan charabadan seirbhis poblach a chumail ris na slighean àbhaisteach aca agus chan urrainn dhaibh solarachadh àraid a dhèanamh do sgoilearan fa leth.
- Nuair a tha uallach air pàrantan mun droch shìde aig àite-leigeil sìos bu chòir dhaibh fios a chur air an sgoil cho tràth 's a ghabhas.

Nuair a tha droch shìde ann bu chòir pàrantan cur air dòigh gun coinnich cuideigin ris a' chloinn aca aig àite-leigeil sìos, gu h-àraid far an e comhdhail na seirbhis poblaiche a thathas a' cleachdadh.

Tha làrach-lìn airson sìde gheamhraidh aig Seirbhis an Fhoghlaim, a' Chultair agus an Spors agus faodaidh pàrantan seo a leughadh aig an taigh airson fiosrachadh mu sgoiltean dùinte fhaotainn. Tha ceanglaichean chun na làraich-lìn seo air làrach-lìn Comhairle na Gàidhealtachd agus làrach-lìn Coimhearsnachd Ionnsachadh Air-loidhne na Gàidhealtachd. Gheibhear gu làrach-lìn na sìde gheamhraidh air an t-seòladh-lìn a leanas:

www.winter.highlandschools.org.uk Cliog air an sgìre a bhuineas dhut fhèin airson fiosrachadh mu na sgoiltean ionadail a tha dùinte.

Tha làrach-lìn na sìde gheamhraidh a' leigeil le pàrant fiosrachadh mu sgoiltean dùinte fhaotainn air an eadar-lìn agus mar sin a' lughdachadh na thathas a' cur gu feum siostam an àireamh PIN. Ach cuimhnich gum bi sgoiltean fhathast a' cur fiosrachadh às ùr air goireas na h-àireimhe PIN cuideachd, a bharrachd air an làraich-lìn ùir. 'S e ar n-amas fiosrachadh soilleir a thaobh dùnadh sgoiltean a thoirt do phàrantan ri linn droch shìde. Mholamaid a-rèisde gun cleachd thu siostam na h-àireimh PIN air neo làrach-lìn na sìde gheamhraidh ùr mar phàirt den t-siostam leudaichte fiosrachadh na sìde gheamhraidh. Cuimhnich gum bi na stèisean rèidio ionadail, faic gu h-ìosal, fhathast a' toirt seachad cunntasan cunbhalach air sìde gheamhraidh mu choinneamh dùnadh sgoiltean.

BBC Rèidio nan Gàidheal

6.55m – 7.00m 7.50m – 8.00m

12.55f – 1.00f 4.55f – 5.00f

Moray Firth Radio

Mar as trice bidh fiosrachadh mun t-sìde, staid nan rathaidean agus dùnadh sgoiltean air na cunntasan naidheachd gach uair agus gach leth-uair. Ann am fìor dhroch shìde thèid briseadh a-steach air prògram àbhaisteach nas trice na seo airson fiosrachadh èiginneach a thoirt seachad. **Na cuir fòn gu na stèisean rèidio ionadail airson comhairle fhaotainn ach dèan èisteachd airson fiosrachadh a bhuineas ris an t-suidheachadh agad.**

Far an gabh sin dèanamh thèid co-dhùnadh mu dhùnadh na sgoile a dhèanamh ro 8.00m

ach cuimhnich gum feum luchd-obrach fhathast a shiubhal don sgoil airson an co-dhùnadh sin a dhèanamh. Feumar cuimhnicheach gur e dleastanas phàrantan agus luchd-cùraim an co-dhùnadh a dhèanamh air am bu chòir pàiste oidhirp a dhèanamh a shiubhal don sgoile, air comhdhail na sgoile air neo a' coiseachd, ann an droch shìde. Tha Ùghdarras an Fhoghlaim a' feuchainn ri làn-fhrithéaladh a bhrosnachadh ach ann an droch shìde 's e sàbhailteachd chloinne am prìomh smuain. Bu chòir pàrantan leantainn orra an cuid breithneachaidh fhèin a dhèanamh ann a bhith a' ruighinn co-dhùnadh air a bheil e sàbhailte pàiste a chur chun na sgoile.

FIOSRACAHADH AIRSON PÀRANTAN 2008 BUN-SGOILTEAN

School: Bun-sgoil Ghaidhlig Inbhir Nis	Id No.: 270 - 5120128
---	------------------------------

Budgeted Running Costs For Financial Year 2008-2009

School Roll at September 2007	101
Total School Running Costs at April 2008 (£)	340,000
Cost per Pupil (£)	3,366

Attendance And Absence For School Year 2007/2008

	Stage							
	P1	P2	P3	P4	P5	P6	P7	P1-7
Total Number of Possible Attendances(Pupil Half Days)	7,473	5,700	4,620	5,272	4,072	4,560	6,460	38,157
Percentage Authorised Absences	3.2	2.8	3.4	4.5	4.1	3.9	2.9	3.5
Percentage Unauthorised Absences	0.3	0.4	0.0	1.0	1.0	0.8	1.1	0.6

Minimising Overall Absence

	Absence recorded (2006/2007) Average number of half days absence per pupil	Absence recorded (2007/2008) Average number of half days absence per pupil
Absence	##	15.6

Where schools have 9 openings per week, please note that all local authority and national figures are based on 10 openings per week, and so are not directly comparable.

**FIOSRACAHADH AIRSON PÀRANTAN 2008
BUN-SGOILTEAN**

Education Authority: Highland

Budgeted Running Costs For Financial Year 2008-2009

School Roll at September 2007	17,029
Total School Running Costs at April 2008 (£)	60,594,613
Cost per Pupil (£)	3,558

Attendance And Absence For School Year 2007/2008

	Stage							
	P1	P2	P3	P4	P5	P6	P7	P1-7
Total Number of Possible Attendances(Pupil Half Days)	823,218	879,569	901,186	901,018	1,019,376	986,524	958,200	6,469,091
Percentage Authorised Absences	4.6	4.2	3.9	3.8	3.8	3.9	4.1	4.0
Percentage Unauthorised Absences	0.4	0.5	0.4	0.5	0.5	0.4	0.5	0.5

Minimising Overall Absence

	Absence recorded (2006/2007) Average number of half days absence per pupil	Absence recorded (2007/2008) Average number of half days absence per pupil
Absence	17.1	17.1

**FIOSRACAHADH AIRSON PÀRANTAN 2008
BUN-SGOILTEAN**

National Data

Budgeted Running Costs For Financial Year 2008-2009

School Roll at September 2007	372,265
Total School Running Costs at April 2008 (£)	1,352,956,701
Cost per Pupil (£)	3,634

Attendance And Absence For School Year 2007/2008

	Stage							
	P1	P2	P3	P4	P5	P6	P7	P1-7
Total Number of Possible Attendances(Pupil Half Days)	18,44 4,479	19,14 5,177	19,52 6,465	19,94 1,323	20,66 9,987	21,01 7,565	21,09 2,362	139,8 37,35 8
Percentage Authorised Absences	4.3	4.1	3.8	3.8	3.7	3.7	3.8	3.9
Percentage Unauthorised Absences	0.9	1.0	1.0	1.0	1.0	1.0	1.0	1.0

Minimising Overall Absence

	Absence recorded (2006/2007) Average number of half days absence per pupil	Absence recorded (2007/2008) Average number of half days absence per pupil
Absence	18.0	18.6